

Plana Obrachaidh Corporra

An Giblean 2025-Am Màrt 2026

Ar Misean, Àrd-amas agus Luachan

'S e an t-amas a th' againn a bhith a' cur an comas ceanglaichean adhair agus a' cumail taic ri seirbheisean deatamach do na coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh tro lionra de phuirt-adhair sàbhailte is seasmhach.

Tha seo stèidhichte air an àrd-amas againn gu bheil sinn airson a bhith nar buidheann phort-adhair roinneil le cothromachadh-carboin.

Ar Luachan

Tha na luachan againn aig cridhe gach rud a nì sinn agus mar a nì sinn e. Tha iad a' mineachadh cò sinn; na tha sinn a' sùileachadh bho chèile agus bhuainn fhin; mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le chèile agus mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le ar custamairean, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh eile. Tha cultar làidir stèidhichte air luachan a tha a' cumail taic ri libhrigeadh nam prìomhachasan ro-innleachdail againn aig cridhe ar soirbheis san ùine fhada.



Safety



Respect



Teamwork



Excellence

Sàbhailteachd

Tha sinn dealasach mu na daoine, mu na coimhearsnachdan, mun luchd-siubhail agus mu na com-pàirtichean againn. Tha sàbhailteachd aig cridhe gach rud a nì sinn gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn fhèin agus daoine eile tèarainte agus sunndach.

Spèis

Bidh sinn ag àrach cultar a tha in-ghabhalach agus far a bheil daoine air am meas. Tha sinn a' cur spèis sna h-eadar-dhealachaidhean aig daoine fa leth leis a bheil sinn ag obair, aig ar custamairean agus aig ar coimhearsnachdan. Bidh sinn ag obair le ionracas agus sinn a' smaoineachadh air daoine eile.

Obair-sgioba

Tha sinn a' cur luach anns na tha na daoine agus na com-pàirtichean a' cur ris a' bhuidhinn againn. Bidh sinn ag obair còmhla gus ar n-amasan a choileanadh agus gus ar seirbheisean a libhrigeadh aig na h-ìrean as àirde.

Sàr-mhathas

Tha sinn moiteil às an obair againn agus bidh sinn daonnan a' sireadh chothroman leasachaidh agus tha sinn daonnan fosgailte do bheachdan ùra. Tha sinn daonnan a' sireadh dhòighean-obrach ùra a libhrigeas obrachadh èifeachdach agus a lùghdaicheas na buaidh againn air an àrainneachd.

Ro-ràdh

Às deidh ath-sgrùdadh air an taobh a-staigh a rinn an àrd-luchd-stiùiridh, an Sgioba-stiùiridh Ro-innleachdail agus Bòrd HIAL, dh'fhoillsich sinn am Plana Ro-innleachdail, a chaidh ùrachadh san Dùbhlachd 2024.

Tha Plana Ro-innleachdail 2023-28 a' mineachadh nan amasan agus nam prìomhachasan a bhios gar stiùireadh gus ar dleastanas a libhrigeadh a bhith a' comasachadh cheanglaichean adhair riatanach do chuid de na coimhearsnachdan nas iomallaiche againn. Tha e ag aithneachadh cho cudromach 's a tha na prìomhachasan ro-innleachdail againn, agus ag aithneachadh na h-obrach a rinn sinn gus ar cuideachadh le bhith a' cumail suas puirt-adhair sàbhailte is seasmhach airson nan ginealaichean ri teachd.

Is e seo an treas plana obrachaidh bliadhnaile againn, airson na h-ùine bho 1 Giblean 2025 gu 31 Màrt 2026. Tha an structar aige a' sealltainn nan ceumannan a ghabhas sinn gus na sia prìomhachasan sa Phlana Ro-innleachdail ùraichte againn a choileanadh:

- **Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ar custamairean, coimhearsnachdan, agus co-obraichean a choileanadh.**
- **Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus modail obrachaidh a libhrigeadh a tha sàbhailte agus seasmhach taobh a-staigh nan stòrasan a tha rim faighinn.**
- **Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra.**
- **Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn.**
- **Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh.**
- **Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach.**

Leis na dùbhlain ionmhasail mòra a tha romhainn, agus a bhios romhainn san àm ri teachd, 's e am fòcas ro-innleachdail leantainneach a th' againn a bhith ag obair ann an dòigh cho èifeachdach 's a ghabhas, agus a bhith a' cumail suas na h-àrd ìre de sheirbheis ris a bheil custamairean HIAL an dùil.

Ni sinn ath-sgrùdadh cunbhalach air na gnìomhan againn gus dèanamh cinnteach gun tèid an libhrigeadh taobh a-staigh a' mhaoineachaidh iomlan a tha againn. Tha cuid de na gnìomhan anns a' phlana seo farsaing agus mar sin dh'fhaodte gum bi iad a' dol thairis air barrachd air aon bhliadhna ionmhais. Mar sin, thèid cuid de na gnìomhan a chur air adhart do phlanaichean obrachaidh san àm ri teachd airson crìochnachadh.

Gus am plana obrachaidh seo a libhrigeadh, feumaidh sinn taic bho na co-obraichean obrachaidh is taic uile againn agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri an taic is obair leantainneach agus sinn a' libhrigeadh ar cuid amasan.



Paul Kelsall
Àrd-oifigear

Aithris air sgrùdadh agus air adhartas

Thèid aithisgean adhartais ullachadh air na gnìomhan sa Phlana Obrachaidh Corporra seo gach ràith gus fiosrachadh coileanadh a thoirt seachad gus an urrainn dhuinn na gnìomhan againn a stiùireadh gu h-èifeachdach san àm ri teachd.

Thèid na h-aithisgean adhartais a sgrùdadh leis an Àrd-sgioba Stiùiridh mar phàirt den dleastanas aca a thaobh planadh is coileanadh. Bheir am pròiseas aithris sealladh nas fheàrr do na h-àrd-mhanaidsearan againn air libhrigeadh nan gnìomhan ro-innleachdail againn agus nì e cinnteach gum bi riaghladh nan gnìomhan agus buidseatan againn san àm ri teachd èifeachdach.

Thèid na h-aithisgean coileanadh ràitheil a thoirt do Bhòrd HIAL gus an urrainn dhaibh an sgrùdadh.

Thèid aithris air adhartas aig deireadh gach bliadhna ann an Aithisg Bhliadhnaile is Cunntasan HIAL.

Prìomhachasan Ro-innleachdail

- Prìomhachas
- Ceangailte ri Prìomhachas



Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ar custamairean, coimhearsnachdan ionadail agus co-obraichean a choileanadh

Cruthaich agus cuir an gnìomh modail obrachaidh ath-sgrùdaichte airson nam port-adhair agus na h-Àrd-oifigean a tha ruigsinneach, a ghabhas a sgèileadh, agus a tha a rèir iartasan obrachaidh is seirbheis gach puirt-adhair. Thèid seo fhiosrachadh le dàta buntainneach agus thèid taic a chumail ri seo bho bhith a' buileachadh modail pàighidh is rangachadh ath-sgrùdaichte.

Dèan ath-sgrùdadh leantainneach air cosgaisean gnìomhachais is obrachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' co-thaobhadh ri libhrigeadh nam prìomhachasan ro-innleachdail againn. Cuir an gnìomh ceumannan gus cosgaisean obrachaidh a lùghdachadh, àireamh an luchd-obrach a lùghdachadh, teachd-a-steach agus èifeachdas gnìomhachais a mheudachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil ar prìomhachasan ro-innleachdail air an libhrigeadh taobh a-staigh ar riarachadh maoinachaidh sna bliadhnaichean ri teachd.

Sponsair air an àrd-sgioba stiùiridh	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile				
Àrd-oifigear					
Àrd-oifigear					

Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ar custamairean, coimhearsnachdan agus co-obraichean a choileanadh

Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus modail obrachaidh a libhrigeadh a tha sàbhailte agus seasmhach taobh a-staigh nan stòrasan a tha rim faighinn

Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra

Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn

Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh

Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach



Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus modail obrachaidh a libhrigeadh a tha sàbhailte agus seasmhach taobh a-staigh nan stòrasan a tha rim faighinn

Dèan ath-sgrùdadh air a' phrògram planaidh airson obair cumail suas aig HIAL agus cruthaich prògram cumail suas ro-chasgach agus plana simplichidh, a bhios a' gabhail a-steach ath-sgrùdadh air togalaichean, cabhsairean, agus innleadaireachd trafaig-adhair a bhios a rèir Ro-innleachd Riaghladh Stòrasan HIAL.

Libhrig plana tasgaidh calpa tri-bliadhna leantainneach. Cuiridh am plana prìomhachas air a bhith a' ruith puirt-adhair a tha sàbhailte agus a tha a' gèilleadh ri riaghailtean agus bidh cothromachadh ann eadar leasachadh air a' bhun-structair againn airson a bhith a' libhrigeadh nam modalan obrachaidh puirt-adhair air a bheil sinn ag amas taobh a-staigh a' mhaoineachaidh againn.

Sponsair air an àrd-sgioba stiùiridh	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile				
Prìomh Oifigear Obrachaidh					
Prìomh Oifigear Obrachaidh					

Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ar custamairean, coimhearsnachdan agus co-obraichean a choileanadh

Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus modail obrachaidh a libhrigeadh a tha sàbhailte agus seasmhach taobh a-staigh nan stòrasan a tha rim faighinn

Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra

Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn

Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh

Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach

Prìomhachasan Ro-innleachdail

- Prìomhachas
- Ceangailte ri Prìomhachas



Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta againn agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra

Faigh toradh nas motha bho sheanailean nach eil co-cheangailte ri seirbheisean-adhair le fòcas air cleachdadh fearainn, a choileanas targaidean buidseit agus a libhrigeas an toradh as fheàrr do HIAL. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh teachd-a-steach bho roinn an lùths ath-nuadhachail air feadh Puirt-adhair HIAL tro bhith a' libhrigeadh aontaidhean lasachaidh tuathan-gaoithe agus tro bhith a' sgaoileadh PV, le taic bho stuthan margaidheachd a bhios a' brosnachadh comas-libhrigidh HIAL ann an roinnean lùths a tha a' tighinn am bàrr.

Comharraich agus libhrig aontaidhean coimeirsealta ioma-bliadhna leis na companaidhean-adhair com-pàirteach làithreach gus cur ri dàimhean agus taic agus gus taic a chumail ri gleidheadh shlighean.

Sponsair air an àrd-sgioba stiùiridh	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile				
Prìomh Oifigear Coimeirsealta					
Prìomh Oifigear Coimeirsealta					

Libhrig modal obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ar custamairean, coimhearsnachdan agus co-obrachichean a cholleannadh

Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus modal obrachaidh a libhrigeadh a tha sàbhailte agus seasmhach taobh a-staigh nan stòrasan a tha rim faighinn

Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra

Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn

Leasaich an sgioba-obrach againn gus modal gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh

Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach



Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn

Cuir an gnìomh plana gus caitheamh lùtha a lùghdachadh thar a h-uile làraich aig HIAL. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh aithisgean stiùiridh cunbhalach, a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air targaidean agus air cleachdadh lùths le HIAL a theanantan, luchd-ceadachais agus treas phàrtaidhean.

Sponsair air an àrd-sgioba stiùiridh	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile				
Prìomh Oifigear Obrachaidh					

Libhrig modal obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ar custamairean, coimhearsnachdan agus co-obrachichean a cholleannadh

Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus modal obrachaidh a libhrigeadh a tha sàbhailte agus seasmhach taobh a-staigh nan stòrasan a tha rim faighinn

Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra

Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn

Leasaich an sgioba-obrach againn gus modal gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh

Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach

Prìomhachasan Ro-innleachdail

- Prìomhachas
- Ceangailte ri Prìomhachas



Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh

Libhrig prògram leasachaidh ceannardais ath-sgrùdaichte a tha a' toirt taic do dhaoine fa leth gus atharrachadh cultarail is buidhne a thoirt seachad agus gus cuideachadh le bhith a' libhrigeadh modail obrachaidh sùbailte is ùr-nodha.

Sponsair air an àrd-sgioba stiùiridh	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile					
Prìomh Olfigear nan Daoine						

Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ar custamairean, coimhearsnachdan agus co-obrachichean a chòileanadh

Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus modail obrachaidh a libhrigeadh a tha sàbhailte agus seasmhach taobh a-staigh nan sbrasan a tha rim faighinn

Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra

Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn

Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh

Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach



Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach.

Obraich còmhla ri buidhnean com-pàirteachais gus sgrùdadh a dhèanamh air raointean far am b' urrainn dàimhean obrach nas dlùithe a bhith buannachdail do gach buidheann agus a dh'fhaodadh eaconamaidhean sgèile a libhrigeadh. Thoir taic do bhuileachadh Aithris Seirbheisean-adhair agus Prìomh Ghnìomhan Riaghaltas na h-Alba, an co-bhonn ri Còmhhdail Alba agus Ùghdarrasan Ionadail a tha a' ruith phuirt-adhair.

Sponsair air an àrd-sgioba stiùiridh	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile					
Ceannard a' Chonaltraidh is nan Gnothaichean Corporra						

Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ar custamairean, coimhearsnachdan agus co-obrachichean a chòileanadh

Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus modail obrachaidh a libhrigeadh a tha sàbhailte agus seasmhach taobh a-staigh nan stòrasan a tha rim faighinn

Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra

Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn

Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh

Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach

